

<p>Co-chomhairle Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air an Fhrèam Càileachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne Freagairt Bhòrd na Gàidhlig</p> <p>19 Faoilleach 2024</p>	<p>Care Inspectorate Consultation on the Quality Framework for ELC Response from Bòrd na Gàidhlig</p> <p>19 January 2024</p>
<p>5. Bha 28 comharran ann eadar an dà fhrèam làithreach. Tha 16 comharran anns an dreachd frèam cho-roinnt, a bheil thu den bheachd gu bheil seo freagarrach? *</p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic gu ìre do na structaran a chaidh a mholadh. Is e dearmad mòr a th' ann nach eil ceistean ann a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a tha a' toirt buaidh air an fhrèam gu lèir.</p>	<p>5. Between the two existing frameworks there were 28 indicators. There are 16 indicators within the draft shared framework document, do you consider this to be suitable? *</p> <p>Bòrd na Gàidhlig partially supports the structures as proposed. The absence of considerations relating to Gaelic Medium Education (GME) are important omissions impacting on the framework as a whole.</p>
<p>6. A bheil e soilleir dè na comharran càileachd san fhrèam a tha a' buntainn ris na seirbheisean a tha a' lìbhrigeadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte?</p> <p>Tha e fior ri ràdh gu bheil soilleireachd ann mu na Comharran Càileachd mar a tha iad air an taisbeanadh san dreachd, ach mholadh Bòrd na Gàidhlig gum bu chòir beachdachadh a bharrachd a bhith ann mu FtG thairis air an fhrèam gus dèanamh cinnteach gu bheil nàdar dà-fhillte Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne ann an Alba air a riochdachadh mar as còir.</p>	<p>6. Is it clear which quality indicators in the framework apply to those services delivering funded early learning and childcare?</p> <p>Yes, there is clarity around the Quality Indicators as they are presented in the Draft however Bòrd na Gàidhlig recommends additional consideration of GME across the framework to ensure that the dual nature of Early Learning and Childcare in Scotland is appropriately represented.</p>
<p>7. An toir susbaint an fhrèam cho-roinnta taic do dh'fhèin-luachadh agus do phlanadh gnìomh airson leasachadh? *</p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig ag aontachadh gu ìre gun toir an t-susbaint taic do dh'fhèin-mheasadh agus planadh gnìomh ach tha feum air mòran a bharrachd gus dèanamh cinnteach gum bi an t-susbaint ùraichte iomchaidh airson</p>	<p>7. Will the content of the shared framework support self-evaluation and action planning for improvement? *</p> <p>Bòrd na Gàidhlig partially agrees that self-evaluation and action planning will be supported by the content however considerable input is required to ensure that revised content is</p>



<p>lìbhrigeadh FtG agus Foghlam tro Mheadhan na Beurla (FtB).</p>	<p>appropriate for both GME and English Medium Education (EME) delivery.</p>
<p>8. An toir na h-eisimpleirean san fhrèam cho-roinnte taic do libhrigeadh cùram, cluich agus gnàth-eòlasan ionnsachaidh àrd-inbhe do chloinn? *</p>	<p>8. Will the illustrations in the shared framework support the delivery of high quality care, play and learning experiences for children? *</p>
<p>Bheir na h-eisimpleirean taic gu ìre do lìbhrigeadh gnàth-eòlasan àrd-inbhe. Mar a chaithd a chur an cèill gu h-àrd, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gun tèid am frèam ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gun tèid taic iomchaidh a thoirt do Thràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne an dà chuid tron Ghàidhlig agus tron Bheurla. Chan eil eisimpleir sam bith co-cheangailte ri roinn FtG anns an dreachd co-chomhairleachaidh. Bidh e cudromach iad sin a chur a-steach ann an dreach ùraichte.</p>	<p>The illustrations will partially support the delivery of high-quality experiences. As previously stated Bòrd na Gàidhlig recommends that the framework is revised to ensure that both GME and EME Early Learning and Childcare are appropriately supported. In the draft out for consultation there are no illustrations relating to the GME sector. It will be important to include these in a revised draft.</p>
<p>9. A bheil an cànan taobh a-staigh an fhrèam cho-roinnte furasta a thuigsinn?</p>	<p>9. Is the language within the shared framework easy to understand?</p>
<p>San fharsaingeachd, tha na tuairisgeulan agus na mìneachaidhean ann an cànan a tha furasta a thuigsinn.</p>	<p>Overall, the descriptors and definitions are in language, which is easy to understand.</p>
<p>10. A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil na h-eisimpleirean de dh'Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta agus an Inbhe Nàiseanta cuideachail? *</p>	<p>10. Do you think the images of the Health and Social Care Standards and the National Standard are helpful? *</p>
<p>Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gu bheil na h-eisimpleirean feumail ach bu chòir barrachd cnuasachaidh a dhèanamh air na ceanglaichean sònraichte a th' ann le lìbhrigeadh FtG agus FtB.</p>	<p>Bòrd na Gàidhlig recognises that the images are helpful however further reflection should take place on the specific connections with GME and EME delivery.</p>



11. Ma tha e iomchaidh, a bheil raon sam bith den obair agad nach eil air na pàirt den fhrèam a bu chòir a bhith? (250 litir air a' char as mothà)

Ann an Alba, tha Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (ELC) air a thoirt seachad an dàrna cuid ann an Gàidhlig no Beurla. Tha e ro-chudromach gun gabh frèaman nàiseanta gu h-iomlan ris an t-suidheachadh seo agus gun toir gach leasachadh aire gu bheilear a' toirt seachad seirbheisean anns an dà chànan. A rèir na staitistearachd as ùire aig Riaghaltas na h-Alba airson 2021-22, tha 41% de dh'Ùghdarrasan Ionadail a' toirt seachad ELC tro mheadhan na Gàidhlig le beagan a bharrachd air 2% de dh'ionadan nàiseanta a' toirt seachad seirbheis FtG. Tha Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tron Ghàidhlig ri fhaighinn air feadh na dùthcha ann an suidheachaidhean bailteil agus dùthchail (tha Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tron Ghàidhlig ri fhaighinn ann an 82% de na h-ionadan ann an CNES, 9.1% de ionadan ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus 1.7% de na h-ionadan ann am Baile Ghlaschu).

Tha Bòrd a' Ghàidhlig a' cur fàilte air an aithris air taobh-duilleig 4 den dreachd a tha ag aithneachadh iomadachd ach chan eil iomradh air libhrigidh càinann anns an teacsa aig an àm seo.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air an iomradh air Cùmhnan nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (UNCRC) agus tha e a' toirt fa-near gu bheil obair ga dhèanamh a thaobh iomraighean ris an UNCRC. Bidh e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil Altan le buaidh air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tron Ghàidhlig air an làn aithneachadh san fhrèam, a' gabhail a-steach na leanas:

Alt 2 – Neo-lethbhreith
Alt 28 – Còir air Foghlam
Alt 29 – Amasan Foghlaim
Alt 30 – Clann à Mion-shluaghean agus Sluaighean Tùsanach
Alt 31 – Cur-seachadan, Cluich agus Cultar

A bharrachd air seo tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' ghealltanais gus Seata-innealan Leasachaidh agus Susbaint

11. If applicable, are there any areas of your work that are not covered by the framework that should be? (maximum 250 words)

In Scotland, Early Learning and Childcare (ELC) is provided in either Gaelic or English. It is crucial that national frameworks recognise fully this reality and that all developments take into consideration service provision in both languages. According to the latest statistics from the Scottish Government for 2021-22, 41% of Local Authorities provide ELC through the medium of Gaelic with just over 2% of centres nationally providing a GME service. GME ELC is available across the country in both urban and rural settings (GME ELC is available in 82% of centres in CNES, 9.1% of centres in Highland Council and 1.7% of centres in the City of Glasgow).

Bòrd a Ghàidhlig welcomes the statement on page 4 of the draft recognising diversity however diversity of language delivery is absent from the text at present.

Bòrd na Gàidhlig welcomes the reference to the United Nations Convention on the Rights of the Child (UNCRC) and notes that work is underway to reference UNCRC Articles. It will be important to ensure that Articles with an impact on GME ELC are fully recognised within the framework, including the following:

Article 2 – Non-discrimination
Article 28 – The Right to Education
Article 29 – The Goals of Education
Article 30 - Children from Minority and Indigenous Groups
Article 31 – Leisure, Play and Culture

Furthermore, Bòrd na Gàidhlig welcomes the commitment to producing an Improvement



<p>Shònraichte a chruthachadh dhan Roinn agus mholadh e gu làidir gum biodh na leasachaidhean seo a' gabhail a-steach lìbhrigeadh FtG.</p>	<p>Toolkit and Sector Specific Content and strongly recommends that these developments be inclusive of GME delivery.</p>
<p>12. Is e ar n-amas susbaint shònraichte a thoirt a-steach dhan fhrèam. Bhiodh e na chuideachadh nam b' urrainn dhuibh raointeann sònraichte a chomharrachadh far an toireadh stiùireadh a bharrachd taic dhuibh. Cuiribh a-steach àireamh a' chomharra càileachd. (250 litir air a' char as mothà)</p>	<p>12. Our aim is to include sector specific content within the framework. It would be helpful if you can identify specific areas where additional guidance would support you. Please include the number of the quality indicator. (maximum 250 words)</p>
<p>Thar nan Comharran Càileachd, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gum bu chòir meòrachadh proifeiseanta a bhith ann air mar a bheir na Comharran Càileachd buaidh air solar FtG agus FtB. Chan urrainn dhan fhreagairt seo aig Bòrd na Gàidhlig sealladh iomlan a thoirt seachad air na tha an lùib a' phròiseas meòrachaидh seo ach seo beagan chomharran goirid:</p>	<p>Across the Quality Indicators, Bòrd na Gàidhlig recommends that there is professional reflection on how the QIs will impact on GME and EME provision. This response from Bòrd na Gàidhlig cannot of course fully provide a perspective on what this refection process entails but some brief indications are noted as follows:</p>
<p>1.1 – An teaghlaich mar Chom-pàrtichean – tha ceistean sònraichte an seo san roinn FtG m.e. mòran phàrantan/luchd-cùraim chloinne san roinn seo aig nach eil Gàidhlig.</p>	<p>1.1 – Family as Partners – there are specific issues here within the GME sector e.g. many parents/carers of children in this sector do not speak Gaelic.</p>
<p>1.3 – Ag àrach Cùram is Taic - Planadh Pearsanta agus taic gus an ruig clann an làn chomas – bu chòir beachdachadh gu faiceallach air foghlam bogaidh agus dà-chànanas a tha a' tighinn am bàrr (a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh agus a' toirt taic do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd)</p>	<p>1.3 – Nurturing Care and Support - Personal Planning and support to reach their full potential – this should include careful consideration of immersion education and emerging bilingualism (including identifying and supporting children with any additional support needs)</p>
<p>1.4 Sàr-mhathais agus Cothromas sna Tràth-bhliadhnaicheadh - taic chuimsichte do chloinn le dàimh eadar-dhealichte ris a' Ghàidhlig (m.e. le Gàidhlig mar chànan na dachaigh no ann an teaghlaich aon-chànanach Beurla, no àrainneachd dachaigh ioma-chànanach)</p>	<p>1.4 Excellence and Equity in EY - targeted support for children from different Gaelic language backgrounds (e.g. Gaelic is the home language or child is in a monolingual English-speaking family, or multilingual home environment)</p>
<p>1.5 – Cluich agus Ionnsachadh – bu chòir beachdachadh air prionnsapalan foghlam bogaidh</p>	<p>1.5 – Play and Learning – immersion education principles will be an additional consideration</p>



<p>1.6 Curraicealam – a' meòrachadh air foghlam bogaidh agus mar a tha an curraicealam air a lìbhrigeadh ann an suidheachadh Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tron Ghàidhlig.</p> <p>1.7 Adhartas na Cloinne – bidh adhartas pàiste ann an Gàidhlig agus/no Beurla na chùis shònraichte dhan t-suidheachadh FtG.</p> <p>1.8 Eadar-ghluasadán Èifeachdach – mar as trice, chan eil e coltach gun tèid an t-eadar-ghluasad a phlanadh le “Bun-sgoil ionadail” ach le bun-sgoil FtG co-cheangailte.</p> <p>1.9 – Teagasc agus Measadh – Pròfil Ionnsachaidh - Bidh planadh agus tracadh na Gàidhlig mar phàirt den bhogadh na fheart sònraichte ann an suidheachaidhean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tron Ghàidhlig.</p> <p>3.1 Sgilean/Eòlas Luchd-obrach – Comas Proifeasant co-cheangailte ri foghlam bogaidh agus dà-chànanach.</p> <p>3.2 Luchd-obrach – Pròiseasan inntrigidh a thaobh FtG agus foghlam bogaidh (chaidh iomradh a thoirt air feallsanachd agus cultar ach chan eil e soilleir ciamar a tha seo a' buntainn ri solar FtG agus FtB)</p> <p>4.2 – Ceannas – iomradh sònraichte a thoirt air a' chleachdad as fheàrr ann a bhith a' stiùireadh FtG</p> <p>4.3 – Ceannas agus Teagasc – Bidh ceistean sònraichte nas fharsainge ann co-cheangailte ri dà-chànanas agus ceannardas FtG m.e. Rannsachadh, Stiùireadh Nàiseanta is msaa.</p>	<p>1.6 Curriculum – reflection on immersion education and how the curriculum is delivered within the GME ELC setting.</p> <p>1.7 Children’s Progress – how child is progressing in Gaelic and/or English will be particular to the GME setting.</p> <p>1.8 Effective Transitions – unlikely the transition will be planned with a “local Primary” but with an associate GME Primary.</p> <p>1.9 – Teaching and Assessment – Learning Profiles - Planning and Tracking of Gaelic as part of the immersion experience will be a particular feature within the GME ELC setting.</p> <p>3.1 Staff Skills/Knowledge – Professional Competence relating Immersion and bilingual education.</p> <p>3.2 Staffing – Induction processes around GME and immersion education (ethos and culture noted but unclear how this relates to GME and EME provision)</p> <p>4.2 – Leadership - to include specific references to best practice in leading a GME provision</p> <p>4.3 – Leadership and Teaching – There will be wider specific considerations relating to bilingualism and leadership of GME e.g. Research, National Guidance etc.</p>
---	--



13. A bheil beachd sam bith eile agaibh air sgrìobhainn an fhràama cho-roinnte? (250 litir air a' char as mothà).

Bu chòir am prionnsapal bunaiteach gum bi Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne air a lìbhrigeadh ann an Alba ann an dà chànan, an dara cuid tron Ghàidhlig no tron Bheurla, a bhith ri fhaicinn air feadh an Fhrèam Càileachd. Bidh e comasach le eòlas sònraichte taobh a-staigh Foghlam Alba agus aig Bòrd na Gàidhlig taic a chumail ri cnuasachaidh a bharrachd air mar a ghabhas am prionnsapal seo a stèidheachadh anns an Fhrèam Càileachd airson Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne.

Bu chòir beachdachadh air na co-theacsan cudromach eile a leanas mar phàirt den Fhrèam Càileachd:

- a) Tha an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig) agus a' Chomhairle air Foghlam Gàidhlig (Foghlam Alba) nan aithrisean nàiseanta cudromach a thaobh FtG.
- b) Tha Bòrd na Gàidhlig air an Stiùireadh Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne tro Mheadhan na Gàidhlig ullachadh mar fhrèam comhairle sònraichte airson FtG a tha a' co-thaobhadh ris an Stiùireadh Reachdail airson Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba san Iuchar 2021. Tha farsaingeachd de theachdaireachdan cudromach ann airson na roinne agus bu chòir seo a bhith na cho-theacs cudromach dhan Fhrèam Càileachd.
- c) Tha cudromachd nan Eòlasan agus Builean agus Slatan-tomhais co-cheangailte ri Gàidhlig aig Tràth ìre cuideachd a' toirt frèaman sònraichte dhan roinn airson ionnsachadh san ìre bogaidh. Tha e cudromach gum bi an roinn Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne tron Ghàidhlig a' leantainn a' chleachdaidh as fheàrr ann a bhith a' lìbhrigeadh riataanan sònraichte foghlam bogaidh aig na h-ìrean tràtha, oir's ann aig an ìre seo a bhios mòran

13. Do you have any other comments about the shared framework document. (maximum 250 words).

The fundamental principle that Early Education and Childcare is delivered in Scotland in two languages, either through Gaelic or English should be reflected across the Quality Framework. Specialist expertise within Education Scotland and at Bòrd na Gàidhlig will be able to support further reflection on how this principle can be embedded in the Quality Framework for Early Learning and Childcare.

The following other important contexts should be taken into consideration as part of the Quality Framework:

- a) The Statutory Guidance on Gaelic Education (Bòrd na Gàidhlig) and the Advice on Gaelic Education (Education Scotland) are important national statements concerning GME.
- b) Bòrd na Gàidhlig has prepared the Gaelic Medium Early Learning and Childcare Guidance as a specific GME advice framework synchronising with the Early Learning and Childcare Statutory Guidance issued by the Scottish Government in July 2021. This contains a range of important messages for the sector and should be an important context for the Quality Framework.
- c) The importance of the Experiences and Outcomes and Benchmarks relating to Early Level Gàidhlig also provide the sector with specific frameworks for learning within the immersion phase. It is important that the GME Early Learning and Childcare sector reflects best practice in delivering the specific requirements of immersion education at the early stages,



<p>den chloinn a' cur eòlas air a' Ghàidhlig agus a cultar airson a' chiad uair.</p>	<p>which will be for many children their first exposure to the Gaelic language and culture.</p>
<p>d) Faodaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus diofar Phlanaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach (ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir) cuideachd targaidean ro-innleachdail sònraichte a shònachadh taobh a-staigh Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne agus bu chòir an ainmeachadh mar cho-theacsan cudromach airson planadh ro-innleachdail a tha seirbheisean Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinn a' dèanamh.</p>	<p>d) The National Gaelic Language Plan and the various Gaelic Language Plans of public bodies (local authorities, for example) may also specify particular strategic targets within Early Learning and Childcare and should be cited as important contexts for the strategic planning being undertaken by Early Learning and Childcare services.</p>
<p>Chaidh Bile nan Cànan Albannach a thoirt a-steach don Phàrlamaid san t-Samhain 2023. Dh'fhaodte gum bi ceistean a bharrachd ag èirigh bhon Bile leithid leudachadh air na h-ullachaidhean anns an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig gus a bhith a' gabhail a-steach roinn nan Tràth-bhliadhnaichean. Bidh e feumail na leasachaidhean sin a nochdadh san dreach mu dheireadh, chun na h-ìre as mothà 's a ghabhas,</p>	<p>The Scottish Languages Bill was introduced to Parliament in November 2023. There may be additional considerations emanating from the Bill such as proposed extension of provisions within the Statutory Guidance on Gaelic Education to the Early Years sector. It will be useful, as far as will be possible, to reflect these developments within the final draft.</p>
<p>Chan eil e soilleir ciamar a chuir roinnean FtG agus FtB an cuid bheachdan a-steach dhan Bhuidheann lomraighe Luchd-ùidh air a bheil iomradh air td5 den Dreach Frèam Càileachd agus mar a chaidh eòlas air foghlam bogaidh agus FtG a chruinneachadh mar phàirt de phròiseas deasachaидh an Fhrèam Càileachd.</p>	<p>It is unclear how the GME and EME sectors fed into the Stakeholder Reference Group mentioned in p5 of the Draft Quality Framework and how expertise on immersion education and GME was gathered as part of the development process for the Quality Framework.</p>
<p>Tha e cudromach gum bi tuigse aig luchd-obrach Luchd-sgrùdaidh a' Chùram air bogadh càinann anns na tràth-ìrean agus air luchd-obrach le sgilean Gàidhlig.</p>	<p>It is important that Care Inspectorate staff have an understanding of language immersion in the early stages and staff with Gaelic language skills.</p>
<p>Bhiodh Bòrd na Gàidhlig toilichte taic agus comhairle phroifeasant a thoirt seachad airson leasachadh ro-innleachdail air cùisean co-cheangailte ri FtG.</p>	<p>Bòrd na Gàidhlig will be happy to provide professional support and advice for strategic development on issues relating to GME.</p>

